H.b.1.b.5.
1462.h.20

COMH-CHRUINNEACHA

DO

Laoidhibh Spioradail.

LE

DOUGHAL BUCHANNAIN,
MAIGHSTEIR SGOIL' ANN AN RAINEACH.

AN CUIGEAMH CLO-BHUALA.

Air Ath-leasachadh o iomadh mearachd le Eoin Mac-na-ceard, Maighsteir-Sgoil' ann an Glasghe.

CLO-BHUAILT' ANN AN GLASGHO.
Airson ANNA OIR 'an fràid an t-salainn.

MDCCXCVII.

45.
ش. 18.
624.

Laoidhean Spioradail.

MORDHACHD DHE.

OCIOD e Dia, no ciod e Ainm?
Cha tuig na h-Aingle 's àirde 'n glòir;
E'n ſolus dealrach foluicht' uath,
Far nach ruig ſùil no ſmuain 'na chòir.

Uaith fein ata a Bhith a' ſruth':
Neo-chruthaichte ta uile Bhuai'bh:
Neo-chrìochnaichte'na nàdur fèin;
'S fèin dhiongmhalta 'gan cumail ſuas.

Cha robh e òg, is ſean cha bhí;
O ſhìor' gu ſior gun chaochladh ſtaid;
Cha tomhais Grian no Gealach aois;
Oir 's nithe coachlach iad air fad.

'N uair thaiſbeanas e'ghlòir no 'ghrás,
Bidh là neo-bhàſmhor teachd o 'ſhùil;
'S grad chuiridh ſluagh nan neamhadh àrd
Le'n ſgiathaibh ſgàile air an gnùis.

'S ma thaiſbeanas e 'ghnùis 'an gruaim,
Grad ſgaoilidh uamhunn feadh nan ſpeur;
Roimh' achmhaſanſa teichidh 'n cuan,
'S le geilt-chrith gluaiſidh 'n crainne cè.

Ta oibre nàduir ſearg' 's a' fàs,
O chaochladh 'tà'd gu caochladh ruith;
Ach uile thionnſgans' 'tà'd 'nan aon,
Gun traogh no lionadh air a Bhith.

'Ta aingle 's daoin do neo-ni dlù;
A' bhrù o'n d'thainig ſinn gu lèir,
Ach iomlaineachd o ſhìorr 'achd ta,
Neo-chriochanach 'na nàdur fèin.

'Ntra chualadh Neo-ni guth a bhèil,
Ghrad leum 'na bith a'chruitheachd mhòr.
An cruinne ſo le uile làn,
'S na neamhadh àrd le'n uile ſhlòigh.

'N ſin dh' fheuch air oibrichibh gu lèir,
'S gach creutair bheannuich è 'nan ſtaid,
'S cha d' fheum ath-leaſachadh air nì,
A meaſg a ghnìomharan air fad.

Air clar a dhearn tha dol mu'n cuairt
Gach reul a ghluaiſeas anns an ſpeur;
An cruth' ch gu lèir tha 'ſtigh 'na ghlaic,
'S a' deanamh thaic d'a ghàirdean treun.

Cò chuartuicheas do Bhith a Dhe!
An doimhne ſhluig gach reuſan ſuas;
'Nan aoiripibh tha aingle 's daoin
Mar ſhligibh moaraich glacadh chuain.

O bhithbhuantachd tha thuſa d' Righ,
'S ni bheil ſan t-ſaogh'ls' ach nì o 'n dè;
O 's beag an eachdruidh chualas diot.
'S cha mhòr do d' ghnìomh ata fuidh 'n ghrèin.

Ge d'thionndadh 'ghrian gu neo-ni rís,
'S gach nì fa chuairt a ſoluis mhòir;
'S co beag bhiodh d' oibre 'g iunndrain uath',
'S bhiodh 'n cuan ag iunndrain ſileadh 'mheòir.

An cruth'ch cha dean le uile ghlòir,
Lan-fhoillſeachadh air Dia nam feart,
Cha 'n 'eil 's na h-oibre ud gu lèir,
Ach taiſbein èarlais air a neart.

Le'r tuigſe thana 's diomhain duinn
Bhi ſgrùdadh chuain ata gun chrìoch;
An litir 's lugha dh' ainm ar Dè,
Is tuille 's luchd da'r reuſan ì.

Oir ni bheil dadum coſmhuil riut
A meaſg na chruthaich thu gu lèir,
'S a meaſg nan daoine ni bheil cainnt.
A labhras d' ainm ach d' fhocal fèin.

FULANGAS CHRIOSD.

'SE fulangas mo ſhlànai-fhear
A bhios mo Dhàn a' luaidh,
Mòr-irioſlachd an ard-Righ ſin
'Na breith's 'na bhàs ro chruaidh,
'Se 'n t-iongantas bu mhiorbhuilich'
Chaidh innſeadh riamh do ſhluagh;
An Dia bha ann o ſhìorruidheachd,
Bhi fas 'na chìochran truagh.

'N uair ghabht' am broinn na h-òighe è;
Le còmhnadh Spiorad Dè,
A chum an Nadur Daonna fin,
A dheanamh aon ris fèin;
Ghabh e sgàil mu Dhiadhuigheachd;
'S do'n BHRIATHAR dhearnadh feòil,
Is dh'fhoills 'adh an rùn diamhair fin,
Am pearsa Chriosd le glòir.

Rugadh'an stàbull dìblidh e,
Mar dhilleachdan gun treòir;
Gun neach a dheanadh càirdeas ris,
No bheireadh fàrdoch dho,
Gun mhuinntur bhi 'ga chuairteachadh
Na uidheamh mar bu chòir;
Ach eich is daimh 'ga chuairteachadh
D' an dual gach uile ghlòir.

Mu'n gann bha fios gu'n d' thàinig e,
Dhùisge' dha naimhde mòr:
Is b'èigin teich' do'n Ephaid leis,
Roimh Herod bh'air a thòir,
Is e co naimhdeil dìoghaltach
Chum Iosa chur gu bàs,
'S gur mharbhadh leis gach cìocharan
A bha 'na rìogh' chd gun dàil.

Bha broclain aig na sionnachaibh
Gu'm folachadh o theinn,
Bha neid aig eunlaith 'n adhair fòs,
'An geugan àrd nan crann;
Ach e-san a rinn uile làd,
'S gach ni sa' chruinne chè,
Bha e-san fein 'na fhògarach,
Gun chòmhnuidh aig fuidh 'n ghrèin.

Am feadh 'sa ghabh an Slànui-fhear
Mar ionad tàmh an saogh'l,
Mar lèigh ro iochdmhor fàbharach
Bha leigheas clann nan daoin:
'N aon eucail riamh bu ghàbhuidh bh' ann,
'S gach galar cràiteach geur,
Do thionndadh e chum slànuchadh
'N uair labhradh e o'bheul.

Thug teanga do na balbhanaibh,
'S do'n bhacach mhall a lùgh,
Do 'n bhodhar thug e chlàistineachd,
'S do dhaoine dall an iùl,
Na lobhair bhreun do ghlanadh leis,
'Cur fallaineachd 'nam feòil:
Gach eucail anam leighis e,
'S na mairbh fèin thug e beò.

An Soisgeul shearmonaicheadh leis,
Do dhaoine bochda truagh;
Is gheall è saorsa shìorruidh dhoibh
Bha 'n glais saoi chìs ro chruaidh:
Na'n gaibhte ris an fhìrinn leo,
Le creidimh fìorghlan beò,
'S gu 'm biodh iad air an iompuchadh
O ghniomharaibh na feòl'.

Lean buidheann tur do'n fhàsach e,
Is dh'fhan tri làith' 'na chòir,
Cùig mile bha do dh'àireamh ann
Bh'air fàilneachadh chion lèin:
'No ro bheagan fhuair iad bheannuich e
'N dà iasg 's cùig arain eòrn',
Dh' ith iadsan uile 'n sàth gu pailt,
Is dh fhàg iad ni bu leòir.

Leis chaisgeadh onfha ghairbh a'chuain,
'S a tonnan uaibhreach mòr,
A' ghaoth ro làidir bhuaidhreasach,
Chuairtich e sin 'na dhòrn:
Ach aithris air gach mìorbhuile,
Rinn Iosa anns an fheòil,
Cha chumadh 'n saogh'l, do sgrìbhinnibh.
Na dh' innseadh e gu leòir.

Ach 'nuair bha 'n t-àm a' dlúthach' ris
Gu'n siùbhladh e chum glòir,
Ghairm e-san chuige dheiscobuil,
Is dheasuich è dhoibh lòn;
Is chuir e sios 'nan suidhe iad,
'S gach uidheam air a' bhord;
Le aran 's fion a' riaruch' orr'
Bha cialluch' fhuil is fheòil.

Is thug e sin mar ordugh dhoibh
Bhi 'n comhnuidh ac' gu bràth,
A dh' fhoillseachadh mhòr-fhulangais,
A dh' fhuiling air an sgà;
Gu 'n itheadh is gu 'n òladh iad
Do dh' fheartaibh mòr a ghràidh,
'S gu 'm bitheadh e mar chuimhneachain
D'a mhuinntir air a bhàs.

'Ntra chum a' ghàrraidh thàinig è,
'An sin, bha 'chràdh ro mhòr:
'N tra fhuair e 'n cupan seirge sin,
Bha oillteil searbh r'a òl,
Air ghoil bha 'chuisle craobhachsan
Tre chorp ro naomh 'ga fhàsg';
'Na fhallas fala 'braonadh mach
Tre aodach air on làr.

1462 h 20

'N sin thuit e air a ghlùinibh sios
Ag deanamh ùrnuigh gheur,
" O Athair chaomh ma's comas e,
" An deoch so cuir uam féin;
" Ach so a' chrioch mu'n d' thàinig mi,
" Gu 'n sàbhalainn mo threud,
" Mar sin ni h-iarram sàbhor, ach
" Do thoil gu bràth bhi deunt."

B'e sud an cupan uamhunnach,
A fhuair e 'n sin 'n làimh;
Bha peacadh 'n t-saogh'l 'ga chuairteachadh
'S gach duais a bhuineadh dhà.
Na dh' fhuil' geadh 'n saogh'l gu siorruidheachd
Do phianntaibh is do chràdh,
Chaidh sud a leagadh comhladh air,
'S an deoch ud dh' òl 'nan àit.

B'e 'n Diabh'l a shealbhuich Iùdas sin,
Le chridhe dùbailt' fiar;
An cealgoir sanntach lùbach ud,
A chuir dubh-chùl re Dia:
An troiteir reic e Shlànai'fhear,
'S a mhaighsdir gràdhach fein,
Is bhrath d'a naimhde bàsmhor e,
Fùidh chàirdeas póg a bheul.

An sin do rinn iad prìosunach
Do dh' Iosa gun chionfà'
Is thug iad dh' ionnsuidh Philat e,
Gu 'n dìteadh e chum bàs:
Is dhìt am breitheamh eucorach
Le fianuis bhrèig an Tì,
Bha choguis fein ag innseadh dha
Bhi dìthchiontach is fìor.

'N sin cheangail agus sgiùrs' iad e
Le buillibh drùiteach geur,
An fheoil o'n chnaimh do rùisgeadh leo
'Na meallaibh brùit gu leir,
A chorp ro naomha mhilleadh leo,
'S a chreuchda fileadh fìos;
An fhuil a dhioladh mile saogh'l,
Gun sgaoinn bhi dhith no prìs.

Fòs rinneadh crùn do'n sgitheach leo,
Is dh' fhigh iad e gu teann,
Chur tuille pian is nàire air,
Do spàrr iad e mu cheann;
'Na cheann a steach do bhuaileadh leo
Na bioradh cruaidh ro gheur,
Is aghuidh ghlòirmhor dh' fholaich iad
Le 'n smugaid' salach breun.

'N uair chuir iad an crùn nàrach air,
Ro chràiteach goirt do bhì,
Do sgeudaich iad le sgàrlaid e,
'S chuir colbh 'na laimh mar Rì:
Is labhair iad gu sgallaiseach
A' fanoid air an Tì,
Fàillte, Righ nan Iùdhach dhuit,
Le 'n glùn 'ga chromadh fìos

Le 'm foirtneart mhòir dh' èigneich iad è,
'Chrann cèusaidh thogail suas;
Ach ge bu chruaidh sud b' fheudar e
Bhi 'g gèilleadh dhoibh 'san uair;
A chuisleadh caomh a' tràsgadh as,
'S a neart 'ga fhàsgadh uaidh,
A' dìreadh 'n t-sleibh 'ga shàruch', gus
An d' fhàilnich è faoi 'n chuail.

Sìos air an leabuidh dhòruinnich,
Le dheòin do luidh e fein;
Ruisgt' air a' chrann do shìneadh è,
'S gach alt dheth spìon o chèil:
A chorp ro naomha beannuighte,
Nis cheangail iad gu teann,
Le tairn'ibh 's ord 'ga 'n sparradh sud,
Gu daingean ris a' chrann.

An crann 'an sin do dhìrich iad,
Is Iosa thog air suas,
Is air na tairn'ibh chrochadh è
Le dochann tha doth-luaidh;
A chudthrom fein a' reubadh as
Gach creuchd 'na chois 's 'na làimh,
Is fhuil ro phrìseil naomhasan
'Ga taomadh sios gu làr.

Ach ge bu mhasiach cràiteach leis
Am bàs a dheilbheadh leò;
Aon ghearan riamh cha d' thainig uaidh
An aghuidh naimhde mòr;
Ach'sann a ghabh e 'n leith-sgeulsan,
'Gan teasairginn gu fior,
" O Athair, thoir dhoibh maitheanas,
" Ta'd aineolach 'nan gniomh."

Chaidh dibhfhearg Dhe a thaomadh air,
Gach uile thaobh mu'n cuairt.
Bha gnùis a ghràidh air fholach air,
Is thionndadh solus uaidh;
Is dh' èigh e faoi na pianntuidh sin,
" Mo Dhia! Mo Dhia na trèig!
" Na ceil do ghnùis ro fhàbharach,
" 'S na fàg mi ann am'fheum."

Na 'n rachadh an trom-dhiogh'ltas ud
(A ghiùlain Ios' e fein.)
A leagadh air a' chinneadh daonn',
'S na h-aingle naomh le chèil ;
Feuch ! chaſgradh ann am mòmaint bhig
Na Slòigh ud leis gu lèir :
Am braon bu lugh' da fhulangas
Loiſgeadh e'n cruinne cè.

Ach dh'orduich Dia nan ſluagh 'an ſin,
Iad theachd mu'n cuairt do'n t-ſliabh,
Gach uile nàdur reuſantadh,
A rinn e fèin o chian ;
'S gu 'm faicte ghaol d'a chreutairibh,
'S do bheuſaibh pheacaidh fhuath,
Anns an dian fheirg a thaomaich e
Air Mac a ghaoil 'ſan uair.

'S e ſo bu chainnt d'a fhulangas,
" Nis tuigibh uile ſhluagh,
" Nadur ro ſgreitidh pheacaidh ſin,
" 'S a'm' dhòruinn faic a dhuais ;
" Is nadur teann na ceartas ſin
" A ghlac mi as leith chàich ;
" Nach maith dhamh bonn d' am ſiachaſan,
" 'S nach dìol le ach mo bhàs."

Bha 'm bàs ud malluicht piantachail,
Ro ghuineach dioghl'tach dòigh ;
Ro chràiteach nàrach fadalach,
'S e teachd neo-ghrad 'na chòir :
Bu ni ro oillteil uamhuſach,
Sea uair' bhi 'n crochadh beò,
Air feitheadh chuirp 'gan ſpìonadh aſ,
Cò dh'fheudas innſ' a leòn !

Bha briogh a chuirp air tiormachadh
'An àmhuinn feirge Dè:
'S a chridhe càirdeil fìrinneach
A' leagha' sìos mar chèir;
A theanga lean r'a ghialaibhsin,
Bha riamh am pàirt a shluaigh;
Is fòirneart nan geur-phiannta sin,
A' sniomha anma uaidh.

A fhradharc ghlan do fhàilnich air,
'S mar ghloine dh' fhàs a shùil;
Bha fèith a chridh' a' bristeadh aig,
'S a bhràguid clisgeadh dlù:
A ghnùis bu àille snuadh is dreach,
Air thionnda uaine lì;
Air leam gu 'm faic mi ealghris air,
Cur a chath shearbh gu crìch.

Ar leam gu 'm faic mi chreuchdasan,
Mar reub na tairn'e theòil:
An fhuil fas dubh a' ragadh ump';
Sior lagach' air a threòir;
Is Draoch a' bhàis a' tional uim';
'S e dealachadh r'a sgiamh;
Ar leam gu 'n cliunn mi 'g osnaich e;
'S a' phlosgail bha 'na chliabh.

Fa dheireadh labhair Iosa riu,
"Tha mi 'an ìota mhòr:"
B' e domblas ghabh iad 's fion-geur leis
'N deoch shìn iad dha r' a òl,
'N sin thubhairt, "Tha e crìochnuichte,
"Gach nì ghabh mi os laimh,"
'S le sgairteachd gheur do ghlaodh e 'mach,
Is chlaon e cheann gu bàs.

B'e sud an glaodh bha cruadalach,
Oir chual' an cruinne cè ;
Gach creag air talamh sgealbadh leis,
'S na mairbh ghradh-chlisg d'a rèir,
Thiondadh a' ghrian gu dorchadas,
Is chaochail colg gach nì,
Bha chruitheachd mar gu 'm bàsaich i,
'S i tàradh chum a crìch.

Na flaitheas bha riamh sòlasach
'S gach slòigh bha subhach shuas,
'San àm sin rinneadh brònach iad,
'S an ceòl ghrad-leig iad uath ;
Re faicsin dhoibh an Ughdair aç'
'San ùir 'ga leagadh sios,
Am bàs a bhi 'ga cheangalsan
Thug anam do gach nì.

LA A' BHREITHEANAIS.

AM feadh 'ta chuid is mo do'n t-saogh'l
Gun ghaol do Chriosd, gun sgoinn da reach
Gun chreideamh ac' gu'n d'thig e ris,
Thoirt breith na fìrinn air gach neach.

An codal peacaidh 'ta'd nan suain,
A' bruadar pailteas do gach ni :
Gun umhail ac' tra thig am bàs,
Nach meal iad Phàrras o'n ard Righ.

Le cumhachd d'fhocail Dhe tog ſuas,
An ſluagh chum aithreachais 'na thrà,
'S beannuich an Dàn ſo do gach neach,
Bheir ſeachad èiſdeachd dha le gràdh.

Mo ſmuaintidh talmhuidh Dhe tog ſuas,
'S mo theanga fuaſgail ann mo bheul;
A chum gu'n labhrainn mar bu chòir,
Mu ghlòir 's mu uamhunn latha Dhe.

Air meadhon oidhch' tra bhios an ſaogh'l,
Air aomadh thairis ann an ſuain;
Grad dhùiſgear ſuas an Cinneadh Daonn',
Le glaodh na trompaid 's airde fuaim.

Air neul ro ard ni fhoillſeach' fèin,
Ard aingeal treun le trompaid mhòir;
Is gairmidh air an t-ſaogh'l gu lèir,
Iad a ghrad èiridh chum a mhòid.

" O cluinnibhs' uile chlann nan daoin,
" Nis thainig ceann an t-ſaogh'l gu beachd;
" Leumaibh 'nar beatha ſibhs 'ta marbh,
" Oir nis gu dearbh 'ta Ios' air teachd."

Is fèididh e le ſgal co chruaidh,
'S gu 'n cuir e ſlèibhte 's cuain 'nan ruith;
Fòs Cliſgidh na bhios marbh ſan uaigh,
Is na bhios beò le uamhunn crith.

Le oſaig dhoinionnaich a bhèil.
An ſaogh'l ſo reubaidh e gu garg,
'S mar dhùn an t-ſeangain dol 'na ghluais,
Grad bhrùchdaidh 'n uaigh a nios a mairbh.

'N ſin cruinnichidh gach cos is làmh,
Chaidh chur 'ſan àraich fad o chèil;
'S bidh farum mor a meaſg nan cnàmh,
Gach aon diu' dol 'na àite fèin.

Moſglaidh na fireanaich 'an tùs,
Is dùiſgear iad gu lèir o 'n ſuain,
An an'maibh tùirlingidh o ghlòir,
Gu'n còmhlachadh aig beul na h-uaigh.

Le aoibhneas togaidh iad an ceann.
Ta àm am fuaſglaidh orra dlù;
Is mar chraoibh-mheas faoi iomlan blàth,
Ta dreach an Slànui'fhear 'nan gnùis.

Ta obair Spiorad naomh nan gràs
Air glanadh 'n nàduir o 'n taobh ſteach:
'S mar thruſgan glan 'ta umhlachd Chriosd,
'G an deanamh ſgìamhach o'n taobh 'mach.

Dùiſgear na h-aingidh ſuas 'n an dèigh,
Mar bhèiſdibh gairiſneach as an t-ſlochd;
'S o ifrinn thig an anama truagh;
Thoirt coinnimh uamhaſach dà 'n corp.

'N ſin labhruidh 'n t-anam brònach truagh,
R'a choluinn oillteil, uamhurr, bhreun,
" Mo chlaoidh! ciod uime dh' eirich thù,
" Thoirt peanas dùbailt oirn le cheil?

" O! 'n èigin domhſa dol arìs,
" Am prioſun neo-ghlan ſteach a' d' chrè?
" Mo thruaighe mi, gu 'n d' aontaich riamh,
" Le d' ana-mianna brùideil fein!

" O! 'm faigh mi dealach ruit gu bràth!
" No 'n d' thig am bàs am feaſd a' d' chòir!
" 'N druigh teine air do chnamhaibh iairn!
" No dìbh-fhearg Dhia an ſtruidh i t' fheòil!"

Eiridh na righridh, 's daoine mòr,
Gun ſmachd gun òrdugh ann 'nan làimh;
'S cha 'n aithn' ear iad a meaſg an t-ſluaigh,
O 'n duine thruagh bha ac' 'na thràill.

'S na daoine uaibhreach leis nach b' fhiù,
Gu 'n umhlaicheadh iad fèin do Dhia;
O faic anis iad air an glùn';
A' deanamh ùrnuigh ris gach ſliabh:

" O chreagaibh tuitibh air ar ceann,
" Le ſgairnich gharbh do chlochaibh cruaidh,
" Is ſgrioſaibh ſinn a tìr nam beò,
" A chum 's nach faic ſinn glòir an Uain!"

Amach as uamhaidh gabhuidh thriall,
An diabhal 's a chuid aingle fèin,
Ge cruaidh e 's èigin teachd a là'ir,
A' ſlaodadh ſhlàbhruidh air a dhèigh.

'N ſin fàſuidh ruogha anns an ſpeur
Mar fhàir na maidne 'g èiridh dearg;
Ag innſeadh gu bheil Ioſa fèin,
A' teachd 'na dèigh le latha garbh:

Grad-fhoſglaidh as a chèil na neòil,
Mar dhoras ſeòmair an ard Righ,
Is foillſichear am Breitheamh mòr,
Le glòir is greadhnachas gun chrioch.

Tha 'm bogha-frois mu'n cuairt da cheann,
'S mar thuil nan gleann tha fuaim a ghuth;
'S mar dhealaineach tha ſealladh ſhùl,
A' ſpùtadh as na neulaibh tiugh.

A' ghrian, ard-lòcharan nan ſpeur,
Do ghlòir a phearſa gèillidh grad:
An dealradh drilſeach thig o ghnùis,
A ſolus mùchaidh e air fad.

Cuiridh ſi uimpe culaidh bhròin,
'S bidh ghealach mar gu'n dòirt' oirr' fuil,
Is crathar cumhachdan nan ſpeur,
A' teilg' nan reulta as am bun.

Bidh iad air uigh-deall anns an ſpeur,
Mar mheas air gèig re h-anradh garbh ;
Tuiteam mar bhraonaibh dh' uiſge dlù,
'S an glòir mar ſhùile duine mhairbh.

Air carbad teine ſuidhidh è,
'S mu'n cuairt da beucaidh 'n tàirneanach,
A' dol le ghairm gu crioch na nèamh',
'S a' reub' nan neul gu doineannach.

O chuidhlibh charbaid thig amach,
Sruth mòr do theine laiſt' le feirg ;
Is ſgaolidh 'n tuil ud air gach taobh,
Ag cur an t-ſaogh'l 'na laſair dheirg.

Leaghuidh na Dùile 'nuas le teas,
Ceart mar a leaghas teine cèir :
Na cnoic 's na ſlèibhte laſaidh ſuas,
'S bidh teas-ghoil air a' chuan gu lèir,

Na beanntaidh iargolt nach d'thug ſeach,
An ſtòras riamh do neach da'n deòin,
Ta iad gu ſialuidh taoſgadh 'mach,
An ionmhas leaght' mar abhuinn mhòr.

Gach neach bha ſgrìobadh cruinn an òir,
Le ſannt, le dòbheart, no le fuil ;
Làn chaiſgibh 'nis bhur 'n ìota mhòr,
'S a naſguidh òluibh dheth o'n tuil.

O ſibhſe rinn bhur bun do'n t-ſaogh'l,
Nach d' thig ſibh 's caoinibh e gu geur,
'N uair tha è gleacadh ris a' bhàs,
Mar dhuine làidir dol do'n eug.

A chuiſleadh chleachd bhi fallain fuar,
Re mireig uai'reich feadh nan gleann,
'Ta teas a chleibh 'gan ſmuidreadh ſuas,
Le goilibh buaidhreis feadh nam beann.

Nach faic ſibh chrith tha air mu'n cuairt,
'S gach creag ag fuaſgladh anns gach ſliabh ;
Nach cluinn ſibh oſnaich throm a bhàis,
'S a chridhe ſgàineadh ſtigh 'na chliabh.

An cùrtain gorm tha nunn o'n ghrèin,
'S mu'n cuairt do'n chruinne chè mar chleòc,
Crupaidh an laſair e r'a chèil,
Mar mheillteig air na h-èibhle beò.

Tha 'n t-aidheir 'ga thachd' le neula tiugh
'S an toit 'na meallaibh dubh dol ſuas ;
'S an teine millteach ſpùtadh 'mach,
'Na dhualaibh caiſreagach mu'n cuairt.

Tiomchioll a' chruinne ſo gu lèir,
Borb-bheucaidh 'n tàirneanach gu bras :
'S bidh 'n laſair lomadh glòir nan ſpeur,
Mar fhalaiſg ris na ſlèibhte cas.

Is chum an doinionn atadh ſuas,
O cheithir àirdibh gluaiſidh ghaoth ;
'Ga ſgiùrs' le neart nan aingle treun,
Luathach' an lèir-ſgrios o gach taobh.

Ta obair na ſea laith' rinn Dia,
Le laſair dhian 'ga chur 'na ſgàoil :
Cia mòr do ſhaibhreas Righ nam feart,
Nach iunndrain caſgradh mhìle faogh'l !

'M feadh tha gach nì 'an glacaibh 'n eug :
'S a' chruith'chd gu lèir dol bun-oſcionn,
Teannaidh am Breitheamh oirne dlù,
A chum gach cùis a chur gu ceann.

'N ſin gluaiſidh e o àird' nan ſpeur,
Air cath'r a mhòrdhachd fèin a nuas,
Le greadhnachas nach facas riamh,
'S le Dhiadhachd ſgeudaichte mu'n cuairt.

Ta mìle tàirneanach 'na laimh,
A chum a naimhde ſgrios am feirg,
Is fonn-chrith orr' gu dol 'an grèim,
Mar choin air èill re h-am na ſeilg.

Aingle gun àireamh tha 'na chuairt,
Le 'n ſùilibh ſuidhicht' air an Rìgh,
Chum ruith le òrdughſan gun dàil,
'Sna h-uile àit 'gan cur 'an gnìomh.

O Iudas thig anis a làth'r,
'S gach neach rinn bràithreas riut a'd' ghnìomh,
An dream a dh'àicheadh creidimh Chrioſd,
No reic e air ſon nì nach b'fhiach.

A ſhluagh gun chiall thug miann do'n òr,
Roimh ghlòir is aoibhneas flaitheas Dè,
Bhur malairt ghòrach faicibh nis,
'S an ſgrios a thug ſibh oiribh fèin.

'S a mhuinntir uaibhreach le 'm bu nàr,
Gu 'n cluinnte cràbhadh dhà 'n 'ur teach;
Faicibh a ghlòir 's na b' iongnadh leibh,
Ge d' dhruid e ſibh a' riogh'chd amach.

O Herod, faic a nis an Rìgh,
D'an d'thug thu ſpìd is maſladh mòr,
'Ga ſgeudachadh le truſgan ruagh,
Mar ſhuaincneas ſgallais air a ghlòir.

Nach faic thu Breitheamh 'n t-ſaoʼil gu lèir
'S mar eudach uime 'n laſair dhearg;
A' teachd thoirt duais do dhaoine còir,
'S a ſgrios luchd dòbheirt ann am feirg?

Is thuſa Phìlat tog do ſhùil,
'S gu 'm faic thu nis a' mùtha mòr;
An creid thu gur e ſud an Tì
A rinn thu dhìteadh air do mhòd?

An creid thu gur e ſud an ceann,
Mu'n d' iath gu teann an ſgitheach geur?
No idir gur i ſud a'ghnùis,
Air theilg na h-Iùdhaich ſileadh breun!

'M bu leòr gur theich a' ghrian air cùl,
A' diùltadh fianuis thoirt do'n ghniomh?
Ciod uim' nach d'fhuair a' chruitheachd bàs,
'N uair cheuſadh air a'chrann a TRIATH!

Cuiridh e aingle 'mach gach taobh,
Chum ceithir ghaothaibh 'n domhain mhòir.
A chuairteachadh gach aon do'n t-ſluagh,
A ſteach gu luath a dh' ionnſuidh mhòid.

Gach neach a dh'àitich coluinn riamh,
O'n ear 's o'n iar tha niſe teachd,
Mar ſcaoth do bheachaibh tigh'n mu ghèig,
An deigh dhoibh èiridh 'mach o'n ſcep.

'N ſin toguidh aingeal glòirmhor ſuas,
Ard Bhratach Chrioſd, d'an ſuaincneas fuil;
A chruinneachadh na ghluais 'ſa' chòir,
'S d' a fhulangas rinn dòigh is bun.

D'a h-ionnſuidh cruinnichibh mo naoimh,
Is tionailibh gach aon do'n dream,
A rinn gu dìleas is gu dlù,
Le creideamh 's ùmhlachd ceangal leam.

'N ſin tionſgnaidh 'm Breith' air cùis an là,
A chum a nàimhde chur faoi bhìnn,
Is foſglaidh è na leabhrain ſuas,
Far am bheil peacadh 'n t-ſluaigh air chuimhn':

Foſglaidh e 'n cridhe mar an ceu'n,
Air dòigh 's gur lèir do'n uile neach,
Gach uaimharrachd bha gabhail tàmh,
Air feadh an àrois ud a ſteach:

'N uair chi 'd an ſealladh ſo dhiubh fein,
Is dearbh gur lèir dhoibh ceartas Dia ;
'S bidh 'n gruaidh a leaghadh as le nàir,
Nach lugha cràdh na teine dian.

Toguidh an trompaid 'rìs a fuaim,
Na labhradh is na gluaiſeadh neach ;
Air choir gu'n cluinn gach beag is mòr
A' bhreith thig air gach ſeòrt' amach.

" A dhaoine ſanntach thrèig a' chòir,
" 'S a leag bhur dòchas ann bhur toic,
" 'S a ghlais gu teann bhur cridhe ſuas,
" 'S a dhruid bhur cluas re glaodh nam bochd :

" An lomnochd cha do dhìon o'n fhuachd,
" 'S do 'n ocrach thruagh cha d'thug ſibh biadh,
" Ge d' lion mi fèin bhur ciſd' do lòn,
" 'S bhur treuda' chuir a' mòid gach bliadhn'.

" Ni bheil ſibh iomchuidh air mo riogh'chd,
" As eugmhais fìrinn, iochd, is gràidh :
" 'S o reub ſibh m' iomhaigh dhibh gu lèir,
" Agraibh ſibh fèin 'n 'ur ſgrios gu brath.

" Is ſibhs' bha guidheachan gu dian,
" *Gu'n glacadh 'n Diabh'l bhur 'n anam fein ;*
" 'S mithich bhur n-urnuigh fhreagradh dhuibh,
" 'S na h-abraibh chaoidh', *Gur cruaidh am beinn,*

" Is ſibhs' a rinn bhur teanga' fèin,
" A gheurachadh chum uilc mar ſcian,
" Le tuaileas, cùlchainnt, agus breug'
" 'S le blaiſpheum tabhairt beum do Dhia.

" A nathraich' millteach 's oillteil greann,
" Cha bhinn leam ceòl bhur ſrannruich ard,
" 'S cha 'n èiſd o'r teangaidh ghobhlaich cliù
" Le drùchd a' phuinſein air a barr.

" Is ſibhs' thug fuath do m' orduigh naomh,
" Is leis nach b'ionmhuinn caomh mo theach;
" Leis am bu bhliadhna fuidhe uair,
" A'm' àros tabhairt cluais do m' reachd:

" Cionnas a mhealas ſibh gu bràth
" A'm' ſheirbhis ſàbaid ſhiorruidh bhuan!
" No cionnas bheir bhur n-anam gràdh,
" Do'n ni da'n d'thug bhur nàdur fuath?

" Luchd mìruin agus farmaid mhòir
" Da'n dòruinn iomlan ſonas chàich,
" Le doilghios geur a' cnàmh bhur teang'
" Mu neach 'ſam bith oribh fèin bheir bàrr:

" Cionnas a dh' fheudas ſibh gu bràth
" Làn ſhonas àiteach' ann an glòir;
" Far am faic ſibhſe mìlte dream,
" 'G an ardach' os bhur ceann gu mòr?

" Am fad 's bu lèir dhuibh feadh mo rìogh'chd,
" Neach b' airde inbhe na ſibh fèin;
" Nach fadadh mìrun 's farmad cùirt,
" Tein' ifrinn duibh am flaitheas Dè?

" Is ſibhs' 'an ſligh' na neo-ghloin' ghluais,
" 'S gu ſònraicht' thruaill an leaba phòſd';
" Gach neach a thug do m' naomh-reachd fuath,
" 'G an tabhairt ſuas gu toil na feòl':

" Mar b' ionmhuinn leibh bhi loſgadh 'n teas
" Bhur n-uabhair, dheaſuich mi dhuibh fearg,
" Leabuidh dearg theth 'ſan luidh ſibh ſìos,
" Am brachaibh-lìn do lafair dheirg:

" Ge d' bheirinn ſibh gu rìogh'ahd mo ghlòir,
" Mar mhucaibh ſteach gu ſeòmar Rìgh;
" Bhur nàdur neo-ghlan bhiodh 'ga chràdh;
" Le'r miannaibh bàſuchadh chion bìdh.

" Gach neach tha 'nomchuidh air mo rìogh'chd,
" Nis Teannuibh fìbhfe chum mo dheis,
" 'S cruinnichibh feachad chum mo chll,
" A chrìonach o na crannaibh meas."

'N fin tearbainidh e chum gach taobh,
Na caoraich o no gabhruidh lom;
Ceart mar ni buachaille an treud,
'N uair chuairticheas e fprèidh air tom.

'N fin labhruidh e re luchd a dheis,
" Sibhfe ta deafu chte le m' ghràs,
" Thigibhfe fealbhuichibh an Riogh'chd,
" Nach faic a fonas crioch gu bràth.

" Spealg mife 'n geat' bha oirbhfe dùint',
" Le m' ùmhlachd 's m' fhulangas ro-gheur:
" 'S dh' fhofgail an t-fleadh gu farfuing fuas,
" A'm' leath-taobh doras nuadh dhuibh fèin.

" Chum craoibh na beath' ta 'm Phàrrais Dè,
" Le h-aoibhneas teannaibh fteach d'a còir:
" 'S a fearta iongantach gu lèir,
" Dearbhadh bhur n-uile chreuchd 's bhur leòn.

" An claidh' bha ruifgte laift' da dìon,
" O laimh ar finnfir Adhamh 's Eubh,
" Rinn mife truaill do'm chridhe dhà,
" 'S a lafair bhàth mi le m' fhuil fèin.

" Faoi dofraich ùrair fuidhibh fìos,
" Nach fearg 's nach crìon am feafd a blàth;
" 'S mar fmeòraichibh a meafg a geug,
" Chum molaidh gleufaibh binn bhur càil.

" Le 'maife fàfuichibh bhur fùil,
" Is oirbh faoi fgàil cha drùigh an teas,
" O 'duillich chùbhraidh òluibh flàint;
" Is bìbh neo-bhàfmhor le a meas.

" Gach uile mheas tha 'm Phàrrais Dè,
" Ta nis gu lèir neo-thoirmisgt' dhuibh;
" Ithibh gun eagal o gach gèig,
" A nathair nimh d'ar teum' a choidhch:

" Is uile mhiann bhur n-anama fèin,
" Lan-fàsuichibh gu lèir 'an Dia,
" Tobar na firinn iochd, is gràidh,
" A mhaireas làn gu cian nan cian.

" Mor-innleachd iongantach na slàint,
" Sior rannsuichibh air àird' 's air leud,
" 'S feadh oibriche mo rioghachd mhòir,
" Bhur n-eòlas miannach cuiribh 'meud.

" Bhur n-aoibhneas, mais, bhur tuigs''s bhur gràdh,
" Bitheadh gu siorruidh fàs ni 's mò;
" 'S cha choinnich sibh aon ni gu bràth,
" Bheir air bhur n-anam cràdh no leòn.

" Cha'n fhacadh sùil, 's cha chualadh cluas,
" Na thaisg mi suas do shonas duibh,
" Imichibh, 's biodh bhur dearbhachd fèin
" Sior-innseadh sgeul duibh, air a choidhch."

Ach ris a' mhuinntir th'air a chlì,
O! Labhruidh e 'na dhìogh'ltas cruaidh,
" A chuideachd nach d'thug gràdh do Dhia,
" A chum an diabhail siubhlaibh uam.

" 'S mo mhalluchd maille ribh gu bràth,
" A chum bhur cràdh 's bhur cur gu pian:
" Gluaisibhse chum an teine mhòir,
" D'ur ròsdadh ann gu cian nan cian."

Mar sgàin an talamh as a chèil,
'N uair ghabh o teaghlach Chòrah steach,
Ceart laimh riu fosglaidh 'n uamh' a beul,
'S i miananaich air son a creich.

Is mar a ſhluig mhuc-mhara mhòr,
Iònas 'n tra chaidh e theilgeadh 'mach,
Ni ſlugan dubh an dara bàis,
A charbad iathadh umpa ſteach.

'San uamhaidh taobhaidh iad re chèil
A ghluais 'nam beath' gu h-eucorach;
Luchd mionn' is mortaidh 's fianais bhrèig;
Luchd miſg is rèibinn 's adhaltrais.

Mar chualaig dhris an ceangal teann,
'An ſlabhruidh tha gach dream leò fèin;
'S an comunn chleachd bhi 'n caidreamh dlù,
Mar bhioraibh rùiſgte dol 'nan crè.

Mar leomhan garg faoi chuibhreach cruaidh,
Le thoſcaibh reubadh ſuas a ghlais:
An ſlabhruidh cagnuidh iad gu dian,
'S gu bràth cha cha ghearr am fiacla phrais.

Bidh iad gu ſiorruidh 'n glacaibh bhàis,
'S an cridh 'ga fhàſgadh aſd' le bròn,
Ceangailt' air cuan do phronnaſc laiſd',
'S a dheatach uaine tachd' an ſròin.'

Mar ſpairneig fuaighte ris an ſceir,
Tha iad air creagaibh goileach teann;
Is dibh-fheirg Dhe a' ſèideadh chuain,
'Na thonnaibh buaireis thar an ceann.

'N tra dhùineas codal cruaidh an ſùil,
Teas feirg 's an-dòchas dùiſgidh iad:
A' chnuimh nach bàſuich, 's eibhle beò,
A' cur an dòruinn ſhiorruidh 'meud.

Air ifrinn 'n uair a gheibh iad ſealbh,
'S lan-dearbha cò gu'n toir iad cìs,
Feuduidh ſinn cuid d' an gearain truagh,
'Chur anns na briathraibh cruaidh ſo ſìos.

" O ſtaid na neo-ni 'n robh mi 'm thàmh,
" Ciod uime dh'àrduich Dia mo cheann!
" Mo mhìle malluchd aig an là
" 'N do ghabh mo mhàthair mi 'na broinn!
" Ciod uime fhuair me tuigſe riamh?
" Na ciall is reuſan chum mo ſtiùr'?
" Ciod uim' nach d'rinn thu cuileag dhiom?
" No durrag dhìblidh anns an ùir?
" Am mair mi 'n ſo gu ſaogh'l nan ſaogh'l!
" 'N tig crioch no caochladh orm gu bràth!
" Am bheil mi nis' ſan t-ſiorr'achd bhuan,
" A' ſnàmh a' chuain ata gun tràigh!
" Ge d' àiream uile reulta neimh',
" Gach feur is duillich riamh a dh'fhàs,
" Ma' ris gach braon ata ſa' chuan,
" 'S gach gaineamh chuairticheas an tràigh:
" Ge d'chuiream mìle bliadhna ſeach,
" As leth gach aon diubh ſud gu lèir,
" Cha d'imich ſeach do'n t-ſìorr'achd mhòr,
" Ach mar gu 'n tòiſicheadh i 'n dè.
" Ach O! 'n do theirig tròcair Dhia!
" 'S am pian e mi gu ſaogh'l nan ſaogh'l!
" Mo ſhlabhruidh 'n laſuich e gu bràth!
" No glas mo làmh an dean e ſgaoil'!
" 'M bi 'm beul a dh'òrduich Dia chum ſeinn
" Air ſeadh gach linn a chliù gun ſgìos,
" Mar bhalgan-ſèididh fadah ſuas
" Na laſraich uain' 'an ifrinn ſhìos!
" Ge d'chaidh mo thruaighe thar mo neart,
" Gu deimhin fèin is ceart mo bhinn;
" Ach c'fhaide bhios mi 'n ſo 'gam' chràdh,
" Mum bi do cheartas ſàitheach dhiom!

" No m bi thu dìolte dhìom gu bràth ?
" 'N deach' lagh an nàdur chur air cùl ?
" Mo thruaighe mi ! 'n e ſo am bàs
" A bhagair thu air Adhamh 'n tùs !

" Air ſgà do dhiogh'ltais 'm bi thu ſnìomh
" Snàthain mo bheath' gu ſiorruidh caol ?
" Nach leòr bhi mìle bliadhn 'gam' loſg'
" As leth gach lochd a rinn mi 's t-ſaogh'l ?

" Ge d'lean do dhìogh'ltas mi gu m' chùl,
" Cha 'n àrduich e do chliù a Dhè,
" 'S cha'n fhiù do d'Mhòrdhachd t'fhearg a choſd'
" Air comhara co bochd rium fèin.

" O Dhia ! nach ſgrios thu mi gu tur ?
" 'S le d' chumhachd cuir air m' anam crìoch,
" 'S gu ſtaid na neo-ni tilg mi uait,
" Far nach 'eil ſulang, ſmuain, no gnìomh.

" Ach O ! 's e ſo mo thoilltneas fèin,
" Is ni bheil eucoir bunntain rium ;
" Oir dhiult mi tairgſe ſhaor do Chrioſd,
" 'S nior ghabh mi d'a fhuil phrìſeil ſuim.

" Mo choguis dìtidh mi gu bràth,
" An fhianais bha 'gam' chàineadh riamh :
" An-iochd na eucoir ann mo bhàs,
" Cha leig i chàramh, 'm feaſd air Dia.

" Aitheantan thilg mi air mo chùl,
" Is ruith mi dùrachdach gu m' ſgrios,
" Is fhianais fèin a' m' chridhe mhùch,
" A' druid mo ſhùile roimh mo leas.

" Cia meud an dìogh'ltas dhomh tha dual
" As leth mo pheacaidh uamhurr dàn !
" Am peac' thug dù'lan do fhuil Chrìoſd.
" 'S a dh'fhàg gun èifeachd brìogh a bhàis !

" Gidheadh nach 'eil do Bhuaidhean fèin
" Neo-chrìochanach gu lèir o chian ?
" 'S an toir mo chionnt air iochd, 's air gràdh,
" Gu'm fàs iad crìochanaicht' 'an Dia ?

" An comas duit mo thilgeadh uait
" 'An àit' nach cluinn do chluais mo ſcread ?
" 'M bheil dorchadas 'an ifrinn fèin
" Far nach bu lèir do Dhia mo ſtaid ?

" Ann d' àoibneas iomlan, 'n eiſd do chluas
" Re creutair truagh a rinn do làmh,
" Ag èigheach, *Athair !* gabh dhiom truas,
" 'S leig fuarach' do ghoil-ſmear mo chnàmh ?

" Eiſd, o mo Dhia ! mo thagradh bochd,
" 'S gach oſna ghoirt 'ta tigh'n o 'm chliabh,
" 'S aon athchuinge nis iarram ort,
" An deigh gach lochd a rinn mi riamh :

" 'N uair ghuileas mi deich mìle bliadhn',
" 'San laſair dhian ſo fèin 'gam' chràdh,
" 'N uair ſgìtheas deamhain bhi 'gam' phian',
" *O deònuich Dhia gu'm faigh mi bàs !*

" Ge truagh mo ghuidh' cha'n èiſdear è
" Is fois na fèdh cha'n fhaigh mi chaoidh'
" Ach beath' neo-bhàſmhor teachd as ùr
" Gu m' neartuch' ghiùlan tuille claoi."

Ach ſtad mo Rann, is pill air d' ais,
O ſhlochd na caſgraidh dhèin a nìos,
Is feuch cionnas a bheir thu feòl'
Do'n dream tha beò nach d'theid iad ſìos.

A leughadoir, am bheil e fìor,
Na chuir mi cheana ſìos a'm' Dhàn ?
Ma 's e 's gu'm bheil, thig 's lùb do ghlùn
Le ùrnuigh 's aithreachas gun dàil :

A dh'ionnſuidh loſa teich gu luath,
Ag gabhail gràin is fuath do d'pheac',
Le creideamh fìor thoir umhlachd dhà,
Ann uile àitheant' naomh a reachd.

Gabh ris 'na oifigibh gu lèir,
'S re h-aon diubh na cuir fèin do chùl;
Mar Fhàidh, mar Shagart, is mar Rìgh,
Chum ſlainte, dìdean, agus iùil.

Biodh eiſiomplair am beachd do ſhùl;
Chum d' uile ghluaſachd ſtiùr da rèir,
'S gach meadhon dh' òrduich e chum ſlàint',
Bi fèin 'gan gnàthachadh gu lèir.

As fhìreuntachd dean bun a mhàin;
'S na taic gu bràth re d' thoilltneas fèin;
'S ma's àill leat èifeachd bhi 'na ghràs,
Na h-altrum peacadh dàimh a' d' chrè.

Mar ſin, ge d' tha do chionnta mòr,
Chum glòir do Thighearn' ſaorar thù,
Is chum do ſhonas ſiorruidh fèin,
Air feadh gach rè ag ſeinn a chliù.

BRUADAR.

AIR dhomh bhi m' ſhìneadh ann am' ſhuain,
Re bruadar dìomhain mar tha càch,
Bhi glacadh ſonais o gach nì;
Is e 'gam' dhìbreadh anns gach àit.

Ar leam gu'n d'thainig neach a'm' chòir,
'S gu'n dubh'rt e rium, " Gur gòrach mì,
" Bhi ſmuainteach' greim a ghleidh' do'n ghaoith,
" No fòs gu'n lìon an ſaogh'l mo chrì.

" Is diomhain duit bhi 'g iarruidh ſàimh,
" 'N aon ni, no 'n àit air bith faoi 'n ghrèin;
" Cha chlos do d' chorp an taobh ſo 'n uaigh,
" No d' anam 'n taobh ſo ſhuaimhneas Dè.

" 'N tra dh'ith Adhamh am meas an tùs,
" Am peacadh dhrùigh e air gach nì;
" Lìon e na h-uile nì le ſao 'ir,
" Is dh'fhàg e 'n ſaogh'l 'na bhriſte' crì'.

" Air ſonas anma chaill e chòir,
" Ma' ris gach fòlas bha 'ſa' ghàrr':
" O ſin ta ſhliochd 'nan deòraibh truagh;
" Mar uain a' mearachd air a' màth'r.

" Re mèidhlich chruaidh tà'd ruith gach nì
" 'An dùil gu 'm faigh an inntinn clos;
" Ach dhoibh tha 'n ſaogh'l gun iochd no truas,
" Mar mhuime choimhich fhuair gun tlus.

" Mar ſin tha iad gun fhois no tàmh,
" 'Gan ſàruch' glacadh faileas brèig;
" 'S a' deòl' toil-inntin o gach nì,
" Is iad mar chiocha ſeaſg 'nam beul.

" Bidh teanndachd eigin ort am feaſd,
" 'S do dhòchas faicinn fuaſgladh d'fheum,
" 'An comhnuidh dhuit mar fhad do làimh;
" Gidheadh gu bràth cha'n fhaigh dheth grèim.

" Cha teagaiſg d'fheuchainn 's dearbha thù,
" O dhùil is earbſa chur ſa' bhrèig,
" A rinn do mhealladh mìle uair,
" 'S co-fhada uait an diu 's an dè.

" An ni bu mhò d' an d'thug thu miann,
" Nach d'fhàg a mhealtuinn riamh e fearbh ?
" Tha tuille ſonais ann an dùil,
" No th' ann an crùn le bhi 'na ſhealbh ?

" Ceart mar an ròs ata ſa' ghàrr',
" Crion-ſearguidh bhlàth 'n uair theid a bhuain ;
" Mun gann a ghlacas tu e d'làimh,
" Grad-thrèigidh àille è 's a ſhnuadh.

" Cha'n'eil aon neach o thrioblaid ſaor
" Am meaſg a' chinneadh daonn' air fad :
" 'S co lionmhor oſna aig an Rìgh,
" Is aig an neach is ìſle ſtaid.

" Ta ſmùdan fèin as ceann gach fòid,
" Is dòruinn ceangailt' ris gach maith :
" Tha 'n ròs a' ſàs air driſibh geur,
" S am pàirt a chèil tha mhil 's an gath.

" Ge d' fhaic thu neach 'an ſaibhreas mòr,
" Na meas a ſhòlas bhi thar chàch :
" An tobar 's gloine chì do ſhùil,
" Tha ghrùid 'na ìochdar gabhail tàmh :

" 'S ma chuireas d' anail e 'na ghluais,
" Le tarruing chabhaig ſuas a' d' bheul,
" Duiſgidh an ruaghan dearg a nìos,
" 'S le gaineamh lionaidh e do dheud.

" 'S ge d' fhaic thu neach 'an inbhe ard,
" Tha e mar nead am barr na craoibh ;
" Gach ſtoirm a' bagradh thilgeadh nuas,
" Is e air luaſgadh leis gach gaoith.

" An neach is fearr tha 'n ſaogh'l a' riar',
" Tha fiaradh eigin ann a ſtaid,
" Nach dean a ſheòltachd is a ſtrì,
" Am feaſd a dhìreachadh air fad.

" Mar bhata fiar an aghaidh chèil,
" Ata o ſhuidheach' fèin doth-chur;
" A rèir mar dhìreas tu a bharr
" 'S co-chinnteach ni thu cam a bhun.

" Na h-Iudhaich thionail beag no mòr,
" Do'n Mhanna dhòirteadh orra 'nuas;
" 'N tra chuir gach neach a chuid ſa' chlàr,
" Cha robh air barr, no dadum uaith:

" Mar ſin ata gach ſonas ſaogh'lt,
" Ata thu faotainn ann ad' làimh,
" Fa chomhair ſaibhreas, 's inbhe cùirt,
" Tha caitheamh, cùram, agus cràdh.

" Ge d' charn thu òr a' d' ſhlige ſuas,
" Fa chomhair fàſuidh 'n luaidh da rèir,
" Is ge do chuir thu innte riogh'chd,
" A' mheidh cha dìrich i 'na dèigh.

" Tha cuibhroinn iomchuidh aig gach neach,
" 'S ge d'tha thu meas gur tuille b' fhearr;
" Cha toir an t-an-barr th' ann an ſud,
" Am feaſd an cudthrom as a' chràdh.

" O iomluain d' inntinn tha do phian;
" A' diùltadh 'n diu na dh'iarr thu 'n dè:
" Cha chomaſach an ſaogh'l do riar',
" Le d' anamianna 'n aghaidh chèil.

" Na'm faigheadh toil na feòl' a rùn
" D'a mianna brùideil dh'iarraidh ſàth:
" Flaitheas a b'aird' cha'n iarradh ì,
" No annta ſud bhi ſìorruidh ſnàmh.

" Ach ge do b' ionmhuinn leis an fheòil,
" Air talamh comhnuchadh gach rè;
" Bhiodh dùthrachd d' àrdain agus d' uaill,
" Co àrda ſhuas re Cathair Dè.

" Ma's e 's gur àill leat ſonas buan,
" Do ſhlighe tabhair ſuas do Dhia,
" Le dùthrachd, creideamh, agus gràdh,
" Is ſàſuichidh e d' uile mhiann.

" Tha'n cuideachd ſud gach ni ſan t-ſaogh'l,
" Tha'n comas daoine ſhealbhach' fìor;
" Tha biadh, is eudach, agus ſlàint,
" Is ſaorſa, càirdeas, agus ſìth,"

'An ſin do mhoſgail as mo ſhuain,
Is dh'fhàg mo bhruadar mi air ſad:
Ghrad-leig mi dhiom bhi ruith gach ſgàil,
Is dh'fhàs mi toilichte le m' ſtaid.

AN GAISGEACH.

CHA bu ghaiſgeach Alaſtair mòr,
No Ceſar thug an Ròimh gu gèill:
Oir ge do thug iad buaidh air càch,
Dh' fhan iad 'nan tràill' d'am miannaibh fèin.

Cha ghaiſg' an ni bhi liodairt dhaoin,
'S cha chliù bhi ann an caonnaig tric:
Cha 'n uaiſle inntinn àrdan borb,
'S cha treubhantas bhi garg gun iochd.

Ach 's gaiſgeach e-ſan a bheir buaidh
Air eagal beatha, 's uamhuinn bàis.
'S a chòmhluicheas le miſnich crì',
Na h-uile nìata dha 'n dàn.

Le gealtachd cionnt, cha teich air cùl
'San àm an dùiſg a choguis fèin,
A tagradh èiſdidh e gu ciùin,
'S an ceartas dùinidh e a beul.

'S e 'n gaiſgeach e-ſan bheir faoi chìs,
A thoil chum ſtrìochd' do reuſan ceart,
S a ſmuaintidh ceannairceach gu lèir,
Bhì 'n òrdugh gèilleachdain d'a ſmachd.

A mhianna brùideil ſaltruidh ſìos,
'S mar bhuill a chuirp faoi chìs atà'd,
'S cha 'n iriſlich e fèin d' an riar',
O nach gu riaghladh rugadh iad.

'San oidhch 'n uair luidheas e chum ſuain
Bidh ſhubhailcean mu'n cuairt da fèin;
Mar ſhaighdearan mu thiomchioll Rìgh,
Gu dhìdean o gach nàmhaid treun.

'Sa' mhaduinn 'n uair a dh'èireas ſuas,
Cruinnichidh ſmuainteadh as gach àit,
'S e fèin 'nan ceann mar chaiptin ſeòlt',
'Gan ſuidheach' ann an ordugh blàir:

Chum cogadh 'n aghaidh miann na feòl',
Gach bochduinn, 's dòruinn ta 'ſan t-ſaogh'l,
Gach ribeadh is gach innleachd bàis,
Ta 'n deamhan gnàthach' 'n aghaidh dhaoin.

Ta inntin daingean mar a' chreag,
Cha charuich eagal e no fiamh:
Ta ſhùilean furachair is geur,
Is lèir dha 'n dubhan crom troi' 'n bhiadh.

Gu diomhain nochduidh 'n ſaogh'l a ghlòir,
Gach òr is inbhe mòr a th' ann;
Ta ſaibhreas aig' co pailt 'na chrì',
'S gur truagh leis Rìgh is crùn mu cheann.

Is ge do ſgaoil an ſtriopach lìon,
Gu ghlac' le innleachdaibh a mais';
Cha drùigh air dealanach a ſùl,
'S cha leagh i rùn le miannaibh laiſd'.

A nàmh cha choiſinn air gu bràth,
Ge d' fhaigh e fàruchadh rè h-uair;
'S e neart 's a ſhlàinte cridhe brùit,
Is air a ghlùinibh bheir e buaidh.

'S i 'n fhìrinn ghlan is clogaid dà,
Is gràs a' chreidimh aig' mar ſgiath;
'S e 'n ſcriobtuir naomh' a chlaidheamh geur,
'S a mhiſneach tha gu lèir 'an Dia.

Ta ſìothchaint aig' 'na inntinn fèin,
'S a choguis rèidh ris anns gach nì;
Ta faibhreas aig' nach lèir do dhaoin',
Is àir nach cuir an ſaogh'l ſo crìoch.

Re miodail tlà cha 'n èiſd a chluas,
Is ſgainnil ghràn' cha bhuair a ſhìth,
Cha ghabh e eagal a' droch ſgeul,
Is tuaileas brèig cha lot a chrì.

O m' anam! dùiſg is deaſuich d' airm,
'S gabh farmad ris a' ghaiſgeach threun,
Is d' anamianna cuir faoi chìs,
Chum rìogh'chd a cheannſach, annad fèin.

Biodh d' inntinn ard oſcionn nan ſpeur,
Cha 'n 'eil faoi 'n ghrèin ach pòrſan truagh;
Mar tholman ùire faic an ſaogh'l,
Is daoin' mar ſheangain air mu' n cuairt.

A nunn 's a nall gun fhois gun tamh,
A' cruinneach' as gach àit d'an ciſd',
Gu lìonmhor marcachd thar a chèil,
'S a' trod gu geur mu bhioran briſt'.

'N tra chi thu 'n ſealladh ſo do n t-ſluagh,
Do ſmuaintidh cruinnich riut gu lèir,
A ſhealbhach' faibhreas, ſonas, 's ſìth,
Air nach d'thig crìoch a' d' anam fèin.

AN CLAIGIONN.

'S Mi m' ſhuidh aig an uaigh,
Ag amharc mu bruaich,
Feuch Claigionn gun ſnuagh air làr;
Is thog mi e ſuas,
A' tiomach' gu truagh,
'Ga thionndadh mu 'n cuairt a'm' làimh.

Gun àille gun dreach,
Gun aithne gun bheachd;
Air duine theid ſeach 'na dhàil:
Gun ſ hiacail 'na dheud,
No teanga 'na bheul,
No ſlugan a ghleuſas càil.

Gun ruiteag 'na ghruaidh,
'S e rùiſgte gun ghruag;
Gun èiſdeachd 'na chluais do 'm dhàn:
Gun anail 'na ſhròin,
No àile do 'n ſ hŏid,
Ach lag far 'm bu chòir bhi àrd.

Gun dealradh 'na ſhùil,
No roſg uime dùn,
No fradharc re h-iùl mar b' âbh'ſd,
Ach durroga crom,
A chleachd bhi 'ſan tom,
Air cladhach' dà tholl 'nan àit.

Tha 'n t-eanachainn bha d' chùl,
Air tionndadh gu ſmùr,
Gun tionnſgal no ſ ùrd air d'ſ heum:
Gun ſmuainteach' a' d' dhàil,
Mu philleadh gu bràth,
A cheartach' na dh'ſ hàg thu 'd'dhèigh.

Cha 'n innis do ghnùis,
A niſe cò thù
Ma's righ no ma's diùbhc chu fèin:
'S ionann Alaſtair mòr,
Is tràille dhìth lòin,
A dh' eug air an òtrach bhreun.

Fhir dheanaimh na h-uaigh,
Nach cogair thu 'm chluais,
Cò 'n claigionn ſo fhuair mi m'làimh?
'S gu 'n cuirinn ris ceiſd,
Mu ghnà mu 'n do theaſd;
Ge nach freagair e 'm feaſd mo dhàn.

'M bu mhaighdionn deas thù,
Bha ſgiamhach a' d' ghnùis,
'S deadh ſhuidheach' a' d' ſhùil da rèir?
Le d' mhaiſe mar lìon,
A ribeadh mu chrì',
Gach ògainich chìodh thu fèin.

Tha niſe gach àgh,
Bha coiſinn duit gràidh,
Air tionndadh gu gràin gach neach;
Marbhaſc air an uaigh,
A chreach thu do'n bhuaidh,
Bha ceangailt' re ſnuagh do dhreach,

No 'm breitheamh ceart thù
Le tuigs' agus iùl,
Bha rèiteach gach cùis do'n t-ſluagh;
Gun aomadh le pàirt',
Ach dìteadh gu bàs,
Na h-eucoir bha dàicheil cruaidh?

No 'n do reic thu a' chòir
Air ghlacaid do n òr,
O 'n dream 'gan robh ſtòras pailt ?
Is bochdan an t-ſluaigh,
Faoi thòirneart ro chruaidh,
A' fulang le cruas na h-airc.

'S mur robh thuſa fìor,
Ann d' oifig am binn',
'S gu'n d'rinn thu an dìreach fiar:
'S co chinnteach an nì,
N uair thainig do chrìoch,
Gu 'n deachaidh do dhìt' le Dia.

No 'n robh thu a' d' lèigh,
A' leigheas nan creuchd,
'S a' deanamh gach eucail ſiàn ?
A' d ìoc-ſhlaintibh mòr,
Ag deanamh do bhòſd,
Gu 'n dìbreadh tu chòir o'n bhàs ?

Mo thruaighe gur thrèig,
Do leigheas thu fèin,
'N uair bha thu faoi eucail chruaidh ;
Gun fhoghnadh gun ſtà,
Am purga d no 'm plàſd,
Gu d' chumail aon trà o'n uaigh.

No 'n ſeanalair thù,
A choiſinn mor chliù,
Le d' ſhèoltachd a' ſtiùradh arm ?
Air naimhde toirt buaidh,
'Gan cur anns an ruaig,
'S 'gam fàgail 'nan cruachaibh marbh ;

'N robh do chlaidheamh gun bheart,
No 'n d' fhàg thu do neart,
'N tra choinnich thu feachd na h-uaigh,
'N uair b' eigin duit gèill,
A dh' aindeoin do dheud,
A dh, armailt' do phèiſtibh truagh ?

Tha na durraig gu treun,
Re d' choluinn cur ſèiſd,
'S ag coiſneadh ort fèiſd gach là ;
Is claiginn do chinn,
'Na ghearaſdan dìon,
Aig daolagaibh dìblidh 'n tàmh :

Pàirt cladhach no dheud,
A ſteach ann ad' bheul,
'S cuid eile ag reub' do chluas ;
Dream eile 'nan ſcùd,
Tigh'nn amach air do ſhùil,
A' ſpùinneadh 's a' rùſg' do ghruaidh.

No 'm fear thu bha pòit,
Gu tric a ſtigh-òſd,
'S tu cridheil ag òl nan dram ?
Nach iarradh dhuit fein,
Do fhlaitheanas Dè,
Ach beirm a bhi 'g èiridh d' cheann !

Nach iarradh tu cheòl,
Ach mionna mu'n bhòrd'
Is feuchainn cò 'n dòrn bu chruaidh' :
Mar bhò no mar each,
Gun tuigſe gun beachd,
'S tu bruchdadh 's a' ſceith' mu'n chuaich !

No 'n duin' thu bha gluas',
Gu cionalta ſuairc,
Gu meaſaradh ſtuam' mu d' bhòrd;
Le miannaibh do chrè,
Faoi chuibhreachadh geur,
'N àm ſuidhe gu fèiſd 's gu ſògh?

No 'n geòcaire mòr,
Bha gionach air lòn,
Mar choin ann am feòlach dearg;
A' toileach'do mhiann,
Bha duilich a riar',
'S tu geilleadh mar dhïa do d' bholg?

Tha niſe do bhrù,
D' an robh thu a' lùb',
Do ghaineamh 's do ùir gle làn:
'S do dheudach air glas',
Mu d' theangaidh gun bhlas,
Faoi gheimhlichibh prais a bhàis.

No 'm morair ro mhòr,
A thachair a'm' dhòrn,
Neach aig an robh còir air tìr;
Bha iochdmhor re bochd,
A clùthach' nan nochd,
Reir pailteas a thoic 's a nìth'?

No 'n robh thu ro chruaidh,
A' fionnadh do thuath,
'S a' tanach' an gruaidh le màl;
Le h-agartas geur
A' glacadh an ſprèidh,
'S am bochduinn ag èigheach dàil?

Gun chridh' aig na daoin,
Bh' air lomadh le h-aois,
Le 'n claiginnibh maola truagh ;
Bhi ſeaſamh a' d' chòir,
Gun bhoineid 'nan dòrn,
Ge d' tholladh gaoth reòt an cluas :

Tha niſe do thràill,
Gun urram a' d' dhàil,
Gun ghearſom, gun mhàl, gun mhòd ;
Mòr-mholadh do'n bhàs,
A chaſgair thu tràth,
'S nach d' fhuiling do ſtràic faoi 'n fhòid.

No 'm miniſteir thù,
Bha tagradh gu dlù,
Re pobull 'an ùghdaras Dè ;
'Gam pilleadh air ais,
Bha 'g imeachd gu bras,
Gu h-ifrionn na caſgradh dhèin ?

No 'n robh thu gun ſgoinn,
Mar mhuime mu chloinn,
Gun chùram a h-oighreachd Dhè ;
Na 'm faigheadh tu 'n rùſg,
Bha comadh co dhiù',
Mu 'n t-ſionnach bhi ſtiùradh 'n treud.

Leam 's cinnteach gu'n d' fhuair,
Do dheanadas duais,
'N uair rainig thu m' buachaille mòr :
'N tra chuairtich am bàs,
A ſteach thu 'na làith'r,
Thoirt cunntas a' d' thàluinn dha.

No 'n ceann thu bha làn,
Do dh'innleachdaibh bàis,
Gu ſeòlta 'gan tàthadh r' a chèil';
'Gan cur ann an gnìomh,
Gun umhail gun fhiàmh,
A freagradh do Dhia 'nan dèigh ?

'N robh teanga nam breug,
Gun chuibhreach faoi d' dheud,
A togail droch ſgeul air càch ;
Gath puinſein do bhèil,
Mar naithir a' teum',
'S a' lotadh nan ceud gach là ?

Tha i niſe 'na tàmh,
Faoi cheangal a' bhàis,
Gun ſgainnil a'plàigh' na dùthch' :
Is durraga grànnd',
Air lobhtha 'na h-àit,
An deigh dhoibh a cnàmh g' a cùl.

'S ma lean thu do ghnàth,
Gu leaba do bhàis,
Gun tionndadh 'na thrà re còir ;
Car tamull na h-uair,
Dean flaitheas do'n uaigh,
Gus an gairmear thu ſuas gu mòd :

Mar loſgann dubh gràmnd,
Ag iomairt a ſmàg,
Gu 'n eirich thu 'n àird o'n t-ſlochd,
Thoirt coinneamh do Chrìoſd,
'Na thigheachd a rìs,
A dh' fhaotuinn làn dìol a' d' olc.

'N uair theid thu ſaoi bhinn,
Ni cheartas do dhìt' :
'Gad fhògradh gu ſiorruidh uaidh ;
Gu laſair gu d' phian,
Chaidh dheaſach' do'n Diabh'l,
'S a mhalluchd gu dian 'gad' ruag.

'N ſin cruaidhichidh Dia
Do chnamhan mar iar'nn,
Is d' fhèithean mar iallaibh prais;
Is teannaichidh d' fheòil,
Mar innein nan òrd,
Nach cnàmh ì le mòid an teas,

No 'n ceann thu 'n robh ciall,
Is eòlas air Dia,
S gu'n d' rinn thu a riar' fa' chò
Ge d' tha thu 'n diu rùiſgt',
Gun aithne gun iùl,
Gun teanga, gun ſùil, gun ſròn.

Gabh miſneach ſan uaigh,
Oir èiridh tu ſuas,
'N uair chluinneas tu fuaim an ſtuic,
'S do thruailleachd gu lèir,
Shìos fàguidh tu d' dhèigh,
Aig durraga breun an t-ſluic.

Oir deaſuichidh Dia,
Do mhaiſe mar ghrian,
Bhiodh 'g èiridh o ſgiath nam beann ;
Cur fradharc ro gheur,
'S na ſùile ſo fèin,
'S iad dealradh mar reulta d'cheann,

Do theanga 's do chàil,
Ni ghleuſa gun dàil,
A chantuinn 'na àros cliù:
Is ſoſglaidh do chluas,
A dh' èiſdeachd re fuaim
A mholaidh th' aig ſluagh a chùirt.

'N uair dhealruicheas Crìoſd,
'Na thigheachd a rìs,
A chruinneach' nam fìrean ſuas;
'N ſin bheir thu do leum,
Thoirt coinneamh dha fèin,
Mar iolair nan ſpeur aig luath's.

'N uair dh' èireas tu 'n àird,
Grad-chuiridh ort fàilt,
A mhealtuinn a chàirdeas fèin,
Gun dealach' gu bràth,
R'a chomunn no ghràdh,
A ſteach ann am Phàrras Dè,

Fhir chluinneas mo Dhàn,
Dean aithreachas tràth,
'M feadh mhaireas do ſhlàint 's do bheachd;
Mun d' thig ort am bàs,
Nach leig thu gu bràth,
Air geata nan gràs a ſteach.

AN GEAMHRADH.

NIS theirig an ſamhradh,
'S tha 'n geamhradh tigh'nn dlù oirn,
Fior nàmhaid na chinneas,
Teachd a mhilleadh ar dùthcha;
'Ga ſaltairt faoi chaſaibh,
'S d'a maiſe 'ga rùſgadh;
Gun iochd ann re dadum,
Ach ſladadh 's a plùnndruinn.

Sgaoil oirne a ſciathan,
'S chuir e ghrian air a chùlaobh;
As a nead thug e 'n t-àlach,
Neo-bhàigheil 'gar ſgiùrſadh:
Sneachd iteagach glè-gheal,
O na ſpeuraibh tigh'nn dlù oirn,
Clocha-meallain 's gaoth thuathach,
Mar luaidh is mar fhùdar.

'N uair ſhèideas e anail,
Cha 'n fhàg anam am flùrain;
Tha bheillinn mar ſhioſar,
Lomadh lios do gach ùr-ros:
Cha bhi ſgeudach' air coille,
No doire nach rùiſg e;
No ſruthan nach tachd e,
Faoi leachdanna dù'-ghorm.

Fead reòta a chlèibhe,
Tha ſèideadh na doinionn,
Chuir beirm anns an fhairge,
'S a dh'at' garbh i na tonnaibh;
'S a bhinndich an clàmhuin,
Air àirde gach monaidh,
'S ghlan ſgùr e na reultan,
D' ar pèile' le'n ſolus.

Tha gach beathach is duine,
Nach d' ullaich 'na fhèasoin,
'Gan fgiùrfa le gaillinn,
Gun talla' gun eudach:
'S an dream a bha gnìomhach,
Fas iargolt mi-dhèirceil;
Nach d'thoir iafachd do leifgean,
Anns an t-fneachda ge d' eug e.

Tha 'n feillean 's an feangan,
Bha tional an ftòrais,
Le gliocas gun mhearachd,
Tabhairt aire do'n dòruinn:
'G ithe bìdh 's ag òl meala,
Gun ghainne air lòn ac',
Faoi dhìon anns an talamh,
O anail an reòta.

Tha na cuileoga ciatach,
Bha diomhain 'fan t-famhradh,
'S na gathannaibh grèine,
Gu h-aoibhinn a'dannfa;
Gun deafach' gun chùram,
Roimh dhùldach a gheimhridh;
Tha iad nife a' bàfuch',
'S gach àite le teanntachd.

Ach èifd rium a fhean-duin',
'S tuig an famhladh tha m' ftòri',
Tha 'm bàs a' tigh'nn teann ort,
Sud an geamhradh tha m' òran:
'S ma gheibh e thu d' leifgean,
Gun deafach' fa' chò-dhail,
Cha dean aithreachas crìche,
Do dhìonadh o'n doruinn.

Gur mithich fàs diadhuidh
'S do chiabhain air glasadh,
'Nam beàrnaibh do dheudach,
Is d' eudan air casadh;
Do bhathais air rùsgadh,
'S do shùilean air prabadh,
Agus croit ort air lùbadh,
Chum na h-ùire do leaba.

Tha na sruthana craobhach,
Bha sgaoileadh a' d' bhallaibh,
Gu mireagach buailteach,
Clis gluasadach tana;
A nise air traoghadh
O 'n taomachadh thairis,
O ragaich is dh'fhuaraich
Teas uabhair na fala.

Balg-sèididh na beatha,
Tha air caitheadh gun fheum ann,
'S o chrup ann ad' chliabh e,
Gur h-e phian bhi 'ga shèideadh:
Tha 'n corp a' chruit chiùil ud,
Air diùltadh dhuit gleusadh;
'S comhair cinnt' air a thasgaidh,
Bhi lasach' a theudan.

Theich maduinn na h-òige,
Is treòir mheadhon làithe.
Tha 'm feasgar air ciaradh,
'S tha ghrian ort a' luidhe:
'S ma bha thusa diomhain,
Gun ghnìomh is gun mhaitheas;
Gu h-ealamh bi d' dhùsgadh,
Mun dùinear ort flaitheas.

Reir caithe' na beatha,
'S tric leatha gun crìoch i ;
Bidh 'n cleachda fàs làidir,
Doth-fhàſach' o'n inntinn :
Na labhair an ſean-fhocal,
'S deimhin leam fìor e,
" An car theid ſan t-ſean-mhaid'
" Gur h-ainmic leis dìreadh."

Ach òganaich thrèibhich,
Thoir-s' eiſdeachd do m' òran
'S leig dhiot bhi mi-chèillidh,
'An cèatain na h-òige :
Tha aois agus èa-ſlaint,
Air do dhèigh ann an tòir ort ;
'S ma ni h-aon aca grèim ort,
Pillidh d' aoibhneas gu bròn duit.

An aois ata 'n tòir ort,
Bheir i leòn ort nach ſaoil thu ;
Air do ſhùilibh bheir ceathach,
Is treabhuidh i d' aodan :
Bheir i crith-reo mu d' ghruaige,
'S neul uaine an aoig leis,
'S cha tig aiteamh na grian ort,
Bheir an liath-reo a chaoidh' dhiot.

Bheir na's meaſa no ſud ort,
Fàilne' tuigſe is reuſain ;
Dìth lèirſinn a' d' intinn ;
Dìth cuimhn' agus gèire ;
Dìth gliocais chum guothaich' ;
Dìth mothach a'd' cheufadh :
'S gu'm fàs thu mar leanabh,
Dhìth ſpionnadh is cèille.

Fàsuidh 'n cridhe neo-aithreach,
S neo-ealamh chum tionndadh,
Aon tagradh cha drùigh air,
'S cha lùb e da ionnsuidh:
Ceart mar tha 'n talamh,
'N àm gaillinn is teanndachd;
Ge d' robh mìltean dol thairis,
Cha dean aile fa' chausair.

Faic fèasain na bliadhna,
'S dean ciall uath'a tharuing:
'S ma's àill leat gu'm buain thu,
Dean ruamh'r anns an earrach;
Dean connadh 'san t-samhradh,
Ni 'sa' gheamhradh do gharadh;
'S ma dhìbreas tu 'n fèasan,
Dhuit 's èigin bhi falamh.

'S mur cuir thu sìol fallain,
'An earrach na h-òige,
Co chinnte 's am bàs duit,
Cuiridh Sàtan droch phòr ann:
A dh' fhàsas 'na dhubhailc';
'S 'na luibheanna feòla:
'S bidh do bhuain mar a chuir thu
Ma's subhailc' no dòbheairt.

Ma bhios t' òige gun riaghladh,
'S d' anamianna gun taod riu,
Gu'm fàs iad co siadhaich,
'S nach frian thu re d' aois iad:
Am meangan nach sniomh thu,
Cha spìon thu 'na chraoibh e;
Mar shìneas e gheugan,
Bidh fhreumhan a' sgaoileadh.

Tha do bheatha neo-chinnteach,
O 'n tinn a bheir bàs ort,
Uime ſin bi re dìthchioil,
Do ſhìth dheanam tràthail:
'S e milleadh gach cùiſe
Bhi gun chùram cur dàil innt';
'S ionann aithreachas crìche,
'S bhi cur ſìl mu Fheill-màrtuin.

Tha ghrian anns na ſpeuraibh
Ruith rèiſe gach làithe;
'S i 'giorruch' do ſhaoghail,
Gach oidhche a luidheas:
'S dlù ruitheas an ſpàla,
Troi' ſhnàth'naibh do bheatha;
Tha figheadh dhuit lèine,
Ni pèiſdin a chaitheamh.

'S ma ghoideas e dlù ort,
'S gun do dhùil bhi r a thighinn;
'N ſin foſglaidh do ſhùilean,
'S chi thu chùis thar a mithich:
Bidh do choguis 'gad' phianadh,
Mar ſcian ann ad' chridhe;
'S co ionann a giùlan,
'S luidh' rùiſgt' ann an ſcitheach.

Faic a' chuileag 'ga dìte',
Le ſìonntaibh an nàduir,
'S o dhìbir i 'n ſeuſan,
Gur h-èigin di bàſuch':
Faic gliocas an t-ſeangain,
'Na thional co tràthail,
'S dean eiſiomplair leanail,
Chum d' anam a ſhàbhal'.

URNUIGH.

O Tighearn is a Dhia na glòir,
An t-Ard-Righ mòr oſcionn gach ſluaigh ;
Cia dàn an ni air t'ainm ro mhòr,
Le bilibh neò-ghlan bhi 'ga luaidh !

2. Na h-aingle 's àirde rinneadh leat,
Cia lag an neart ! 's cia dall an iùl !
Cia aineolach air t'oibre mòr !
'S cia goirid air do ghlòir an cliù.

3. Am beachd do ſhùile fiorghlan fèin,
Cha 'n 'eil na reulta 's àirde glan :
'S cha 'n'eil na h-aingle 's naomha 'n glòir,
Ann là'ir do Mhòrachdſa gun ſmal.

4. Ach O an dean thu d' ìſleach' fèin,
A dh' èiſdeachd cnuimheig anns an ùir !
Faoi ſtòl do chos ag gabhail tàmh,
'S nach faic ach ſgàile beag do d' ghnùis.

5. Na laſadh d' fhearg, O Dhe nan dùl,
Am feadh a dheanam ùrnuigh riut ;
'S mo pheacadh aidicheam le nair,
'S an truailleachd ghràineil anns na thuit.

6. Mo chionnt tha mar na ſlèibhte mòr ;
Is leòn iad mi le h-iomadh lot :
Ta m'anam bochd le 'n cudthrom bruit',
'S o m'ſhùilibh fàſg' nan deura goirt.

7. An comas duit a Dhia nam feart,
Mo ſhaor' gun cheartas chuir air cùl !
'S ma ſhaorar le do thròcair mì,
'M bheil neach ſan t-ſaogh'l a dhìteas tù

8. Nach èigin duit, mo ſgrios gu bràth,
Mur àichſhean thu do cheartas geur!
Le m' chionnta oillteil, 's gann a dh' fhàg
Mi iochd, no gràs, a' d' roghainn, fein.

9. Gach uile mhalluchd ata ſgrìobht'
Ann d' fhocal fior le bagradh teann
O Tighearn thoill mi air do làimh,
Gu'm biodh iad càrnuicht' air mo cheann.

10. Ge d' fhàs na neamha dubh le gruaim,
'S mo bhual' le tàirneanaich do neart;
Ge d' theilg thu mi gu ifrinn ſhìos,
Gu ſìorruidh aidicheam do cheart.

11. Gidheadh am feud an laſair threun
A ſgoilteas as a chèil' an tuil;
Bhi drùghadh orm troi' umhlachd Chrioſd,
'S mi gabhail dìon a ſteach faoi fhuil?

12. An fhuil a dhìol do cheartas teann,
'S a dhòirteadh air a'chrann gu làr,
'S ann aiſd' tha m' earbſa, O mo Righ!
Nach dìt thu m'anam air a ſgà.

13. Dean m' ionnlad glan, O Dhia na ſìth,!
'San tobar ìocſhlaint bhrùchd a thaobh:
A bheir dhomh beatha as a bhàs,
'S o m'thràillealachd a ni mi ſaor.

14. Daingnich mo chreideamh ann a bhàs,
Is beothaich gràdh a'm' chridhe ſtigh,
Is neartuich mi chum ùmhlachd dhà,
Ann uile aitheant' naomh a lagh.

URNUIGH.

O Tighearn is a Dhia na glòir,
An t-Ard-Righ mòr oſcionn gach ſluaigh ;
Cia dàn an ni air t'ainm ro mhòr,
Le bilibh neò-ghlan bhi 'ga luaidh !

2. Na h-aingle 's àirde rinneadh leat,
Cia lag an neart ! 's cia dall an iùl !
Cia aineolach air t'oibre mòr !
'S cia goirid air do ghlòir an cliù.

3. Am beachd do ſhùile fiorghlan fèin,
Cha 'n 'eil na reulta 's àirde glan :
'S cha 'n'eil na h-aingle 's naomha 'n glòir,
Ann là'ir do Mhòrachdſa gun ſmal.

4. Ach O an dean thu d' ìſleach' fèin,
A dh' èiſdeachd cnuimheig anns an ùir !
Faoi ſtòl do chos ag gabhail tàmh,
'S nach faic ach ſgàile beag do d' ghnùis.

5. Na laſadh d' fhearg, O Dhe nan dùl,
Am feadh a dheanam ùrnuigh riut ;
'S mo pheacadh aidicheam le nair,
'S an truailleachd ghràineil anns na thuit.

6. Mo chionnt tha mar na ſlèibhte mòr ;
Is leòn iad mi le h-iomadh lot :
Ta m'anam bochd le 'n cudthrom bruit',
'S o m'ſhùilibh fàſg' nan deura goirt.

7. An comas duit a Dhia nam feart,
Mo ſhaor' gun cheartas chuir air cùl !
'S ma ſhaorar le do thròcair mì,
'M bheil neach ſan t-ſaogh'l a dhìteas tù

8. Nach èigin duit, mo ſgrios gu bràth,
Mur àichſhean thu do cheartas geur!
Le m' chionnta oillteil, 's gann a dh' fhàg
Mi iochd, no gràs, a' d' roghainn, fein.

9. Gach uile mhalluchd ata ſgrìobht'
Ann d' fhocal fior le bagradh teann
O Tighearn thoill mi air do làimh,
Gu'm biodh iad càrnuicht' air mo cheann.

10. Ge d' fhàs na neamha dubh le gruaim,
'S mo bhual' le tàirneanaich do neart;
Ge d' theilg thu mi gu ifrinn ſhìos,
Gu ſìorruidh aidicheam do cheart.

11. Gidheadh am feud an laſair threun
A ſgoilteas as a chèil' an tuil;
Bhi drùghadh orm troi' umhlachd Chrioſd,
'S mi gabhail dìon a ſteach faoi fhuil?

12. An fhuil a dhìol do cheartas teann,
'S a dhòirteadh air a'chrann gu làr,
'S ann aiſd' tha m' earbſa, O mo Righ!
Nach dìt thu m'anam air a ſgà.

13. Dean m' ionnlad glan, O Dhia na ſìth!
'San tobar ìocſhlaint bhrùchd a thaobh:
A bheir dhomh beatha as a bhàs,
'S o m'thràillealachd a ni mi ſaor.

14. Daingnich mo chreideamh ann a bhàs.
Is beothaich gràdh a'm' chridhe ſtigh,
Is neartuich mi chum ùmhlachd dhà,
Ann uile aitheant' naomh a lagh.

15. O dean mo phlanndach' ann an Crìoſd
'S mo chrìonach briſidh mach le blàth;
Is bidh gach ſubhailc' 's naomha gleus,
Mar mheas a' lùb' mo ghèug gù làr.

16. Gach inbhe 'n cuir thu mi 'ſan t-ſaogh'l,
Dean daonnan toilicht' mi le m' ſtaid;
Ma's bochd, no beartach, tinn, no ſlàn,
Do thoil gu bràth biodh deant'air fad.

17. O 's gràſmhor Dia n'tra bheir e ſeach!
'S gu beachd tha DHIULTADH *làn do* GHRADH,
'S fior-bheannachd ann an ath'rrach dreach;
Gach CROIS *is* CREACH *a thig o laimh.*

18. O buidheachas do Dhia nan gràs,
Chuir chugam Siànui' fhear nam buadh!
Eiric mo ſhaorſa chì 'na bhàs;
'S an luach a phàidh air m' anam truagh.

19. 'S e fèin a chlaon a dhruim ſaoi m' chuail;
Chum m'anam dhìreadh ſuas gu Dia:
Choſd gach aon tìodhlac th'agam uaith,
Geur-chràdh is oſunn chruaidh g'a chliabh.

20. Mo ſmuaintidh talmhuidh tog gu nèamh,
Is thoir dhamh èarlais air do ghradh,
A dh' fhògras m' eagal uile uam,
'S a ſhaoras mi o uamhunn bàis.

21. 'N ſin atadh tonna borb a' chuain,
Is beucadh torrann chruaidh nan ſpeur;
Thigeadh crith-thalmhuinn, gort, is plaigh,
Bhios roinn a'bhàis gach taobh a thèid.

22. Bi thus' a' d' Dhia do m'anam fèin,
'S bidh iad gu lèir dhomh 'n càirdeas gràidh;
Cha loisg an tein' gun òrdugh uait.
Cha fluig an cuan, 's cha sgrios a' phlàigh:

23. Am feadh bhios cumhachd ann ad' laimh,
Bidh mise sàbhailt' o gach olc:
'S cha 'n eagal leam gu 'm bi mi 'n dì,
Gu siorruidh, gus am fàs thu bochd.

24. Mo dhùthrachd, m' eagal, 's m' uile mhiann,
A' m' Dhia tha còmhlachadh gu lèir;
Oir nèamh, is talamh, 's ifrinn shìos,
Ata iad do mo Righs' a' gèill'.

A' CHRIOCH.

URNUIGH AN TIGHEARNA,

(Le mineachadh ath-phearr' air gach earrann fa leth, a rèir theagasg Leabhar nan Ceisd,) le neach eile.

(An Romh-ràdh.)

AR n-Athair-ne ata air Nèamh
Le h-urram 's earbsa fleuchdar leinn;
A' d' àthair fèin, a Dhia nan gràs
Tha d' Athair chàirdeil fhial do d' chloinn.

(A' cheud iarrtas.)

Naomhaichear t' Ainm air feadh gach tìr.
Neartaich-sa sinn 's daoin' eile fòs
Ar beath' a chaith' rèir t' fhocal sgrìobht'
'S dean fèin gach nì a chum do ghlòir.

(An daradh iarrtas,)
Thigeadh do Rioghachd, anns gach àit.
Is Rioghachd Shàtain ſgrios gu grad
Soirbhich gun mhoill le Riogh'chd nan gràs
Is Riogh'chd na gloìr grad-ghreas gun ſtad.

(An treas iarrtas.)
Deanthar do thoil air thalamh ſhìos,
Amhail mar nìthear e air Nèamh:
Thoir neart dhuinn, deòin, is eòlas fìor,
Mar t' Ainglibh ſtrìochd' le ùmhlachd ſhèimh.

(An ceathramh iarrtas.)
Thoir dhuinn an diugh ar n-aran làith'l.
'S do d' dheagh-ghean chàirdeil ſhaor a ghnà
Rann chuimſeach nithe maith an t-ſaogh'is',
'S do bheannachd maille riu gach tràth.

(An cùigeadh iarrtas.)
Maith dhuinn ar lochdan is ar fiach',
Mar mhaithmid fiachan càch a chèil'.
Air ſgà do Mhic-ſa Ioſa Crioſd.
O 'm bheil ar miſnich ſruth' gu lèir.

(An ſèathadh iarrtas.)
Na leig 'am buaireadh ſinn, a Dhe;
Ach ſaor o 'n olc ſinn fèin 's do ſhluagh:
O bhuaireadh teaſairg ſinn gu treun:
No cuidich leinn a dh' fhaotainn buaidh.

(An Co-dhùnadh.)
Oir 's leats' an Riogh'chd, 's an Cumhachd fòs
Agus a' Ghlòir gu ſuthain ſìor:
So fàth ar miſnich teachd a' d' chòir,
Le 'r cliù 's ar n-ùrnuigh, amhluidh biodh.

A' CHRIOCH